

Oighreachdan Seilg

Ann an ùine ghoirid, thill glinn agus bailtean **trèigte** gu bhith fo **raineach** 's fo **fhraoch**, agus bha seo math airson chearcan-fraoich agus fèidh. An toiseach bha na caoraich agus na beathaichean fiadhaich beò còmhla, ach dh'fheumadh casg a dhol air **falaisgean** – a' cur teine ris an fhraoch – gus cearcan-fraoich a chumail.



Cearc-fhraoich:
eun-sithinn meadhanach mòr air a bheil bodhaig car cruinn, sgiathan goirid leathann, agus ceann beag sa bheil gob tiugh crom. Tha cearcan-fraoich rim faicinn tron a' bhliadhna air Ghàidhealtachd.



Dè th' ann am falaisg?

Tha monaidhean fraoich air an cur nan teine airson gun tig fàs ùr do bheathaichean. Bidh craobhan agus lusan eile air an sgrios ann am falaisgean ach bidh cuid de lusan, mar fraoch, a' tighinn beò an dèidh falaisg.





Bu chòir gum biodh na falaisgean a' cruthachadh pàtran-leacaidh le raointean fraoich de dhiofar aoisean.

Le seo tha fàs ùr goirid ann do na cearcan-fraoich agus cuideachd fraoch nas fhaide faisg air làimh far am faigh iad fàs. Bidh **fiadh-bheatha** mar eòin, biastagan agus **snàgairean** a' faighinn buannachd cuideachd à falaisgean iomchaidh a tha air an dhèanamh ceart.





Far a bheil cearcan-fraoich san Rìoghachd Aonaichte agus ann an Èirinn



Mu dheireadh thall bha na caoraich san rathad nuair a bha **stailcearachd** fèidh a' dol air adhart. Chaidh àireamh nan caorach sìos nuair a thuig na h-uachdarain gun robh cearcan-fraoich agus fèidh a' cosnadh barrachd airgid dhaibh. Nuair a dh'fhàs luchd-seilg deònach an t-ionaltradh a phàigheadh cho math ris a' mhàl airson sealg, chuir uachdarain fàilte air daoine mòra beairteach chun nan oighreachdan aca a dhèanamh sealg agus iasgach.